




**IMAGE EVALUATION
TEST TARGET (MT-3)**



**Photographic
Sciences
Corporation**

23 WEST MAIN STREET
WEBSTER, N.Y. 14580
(716) 872-4503

28
22
25
22
20

**CIHM/ICMH
Microfiche
Series.**

**CIHM/ICMH
Collection de
microfiches.**

10



Canadian Institute for Historical Microreproductions

Institut canadien de microreproductions historiques

1980

Technical and Bibliographic Notes/Notes techniques et bibliographiques

The Institute has attempted to obtain the best original copy available for filming. Features of this copy which may be bibliographically unique, which may alter any of the images in the reproduction, or which may significantly change the usual method of filming, are checked below.

L'Institut a microfilmé le meilleur exemplaire qu'il lui a été possible de se procurer. Les détails de cet exemplaire qui sont peut-être uniques du point de vue bibliographique, qui peuvent modifier une image reproduite, ou qui peuvent exiger une modification dans la méthode normale de filmage sont indiqués ci-dessous.

- Coloured covers/
Couverture de couleur
- Covers damaged/
Couverture endommagée
- Covers restored and/or laminated/
Couverture restaurée et/ou pelliculée
- Cover title missing/
Le titre de couverture manque
- Coloured maps/
Cartes géographiques en couleur
- Coloured ink (i.e. other than blue or black)/
Encre de couleur (i.e. autre que bleue ou noire)
- Coloured plates and/or illustrations/
Planches et/ou illustrations en couleur
- Bound with other material/
Relié avec d'autres documents
- Tight binding may cause shadows or distortion
along interior margin/
La reliure serrée peut causer de l'ombre ou de la
distortion le long de la marge intérieure
- Blank leaves added during restoration may
appear within the text. Whenever possible, these
have been omitted from filming/
Il se peut que certaines pages blanches ajoutées
lors d'une restauration apparaissent dans le texte,
mais, lorsque cela était possible, ces pages n'ont
pas été filmées.
- Additional comments:/
Commentaires supplémentaires:

- Coloured pages/
Pages de couleur
- Pages damaged/
Pages endommagées
- Pages restored and/or laminated/
Pages restaurées et/ou pelliculées
- Pages discoloured, stained or foxed/
Pages décolorées, tachetées ou piquées
- Pages detached/
Pages détachées
- Showthrough/
Transparence
- Quality of print varies/
Qualité inégale de l'impression
- Includes supplementary material/
Comprend du matériel supplémentaire
- Only edition available/
Seule édition disponible
- Pages wholly or partially obscured by errata
slips, tissues, etc., have been refilmed to
ensure the best possible image/
Les pages totalement ou partiellement
obscurcies par un feuillet d'errata, une pelure,
etc., ont été filmées à nouveau de façon à
obtenir la meilleure image possible.

This item is filmed at the reduction ratio checked below/
Ce document est filmé au taux de réduction indiqué ci-dessous.

10X	12X	14X	16X	18X	20X	22X	24X	26X	28X	30X	32X
				✓							

The copy filmed here has been reproduced thanks to the generosity of:



The Nova Scotia
Legislative Library

The images appearing here are the best quality possible considering the condition and legibility of the original copy and in keeping with the filming contract specifications.

Original copies in printed paper covers are filmed beginning with the front cover and ending on the last page with a printed or illustrated impression, or the back cover when appropriate. All other original copies are filmed beginning on the first page with a printed or illustrated impression, and ending on the last page with a printed or illustrated impression.

The last recorded frame on each microfiche shall contain the symbol \rightarrow (meaning "CONTINUED"), or the symbol ∇ (meaning "END"), whichever applies.

Maps, plates, charts, etc., may be filmed at different reduction ratios. Those too large to be entirely included in one exposure are filmed beginning in the upper left hand corner, left to right and top to bottom, as many frames as required. The following diagrams illustrate the method:



L'exemplaire filmé fut reproduit grâce à la générosité de:

The Nova Scotia
Legislative Library

Les images suivantes ont été reproduites avec le plus grand soin, compte tenu de la condition et de la netteté de l'exemplaire filmé, et en conformité avec les conditions du contrat de filmage.

Les exemplaires originaux dont la couverture en papier est imprimée sont filmés en commençant par le premier plat et en terminant soit par la dernière page qui comporte une empreinte d'impression ou d'illustration, soit par le second plat, selon le cas. Tous les autres exemplaires originaux sont filmés en commençant par la première page qui comporte une empreinte d'impression ou d'illustration et en terminant par la dernière page qui comporte une telle empreinte.

Un des symboles suivants apparaîtra sur la dernière image de chaque microfiche, selon le cas: le symbole \rightarrow signifie "A SUIVRE", le symbole ∇ signifie "FIN".

Les cartes, planches, tableaux, etc., peuvent être filmés à des taux de réduction différents. Lorsque le document est trop grand pour être reproduit en un seul cliché, il est filmé à partir de l'angle supérieur gauche, de gauche à droite, et de haut en bas, en prenant le nombre d'images nécessaire. Les diagrammes suivants illustrent la méthode.

NOVA SCOTIA
LEGISLATIVE LIBRARY



PROVINCE HOUSE

5120

NOTTETOWN:

MARBHRANN

DO

DHOMHULL DOMHNULLACH,

MINISTEIR.

LE

FEAR EISDEACHD.

CHARLOTTETOWN:

PRINTED AT "THE PATRIOT" OFFICE, QUEEN SQUARE.

1870.

NS

99-163
M

PROBATION DEPARTMENT

NEW YORK

STATE OF NEW YORK

CHANDLER

2916

1916

MARBHRANN

DO

DHOMHNUL DDMHNULACH,

MINISTEIR.

—xox—

Cha tric a chi sinn seallaidh cho priseil
Ri triall an' fhirean do 'n dachaidh bhuan :
Along a seolladh gun chunart bathaidh,
Iosa ga stiuiraidh a null a'n' cuan.

B'ard 's biomradach ainm Mhic Dhomhnull
Air feadh na tir so ma n' cuart gu leir ;
'Sair feadh na H-alba bha esan ainmcil,
Ged bha a naimhdean gu suilech guer.
Dhomhnull choimhneil, thug Dia dhuit soilse
Air nitheabh mora bha taisgt na stor ;
Thug e dhuit talann nach robh aig moran,
'S rinn thu t' sheirbhes leo mar bu chor.
Thugadh dhuit buaidhaibh 's neart 's treuna
Gu cliu an t'Slaniughear chur an ceil,
'S ann san fhasaich so thog thu bhratach,
'S thall thar chuantan chual iad a sguel.
Bha cumhachd agad go buaidh a dheanabh,
'S airm na fireantachd ort gu leir ;
Thug e dhuit uchd eideidh nach gabhaidh reubadh,
S claidheamh tairnte gu dealrach gear.
Bu shaighdear treun thu air feadh na tir so,
Cha robh do leithid ri fhaoitinn ann,
'Sair feadh an t'saoghail ged's farsuing mor e
Cha neil do leithid an diugh ach gann.
Leughidh linntinn, bhi's ann na dheigh so,
Na dain sna laiodhean chur thu ri cheil,
'S bidh aoibhneas mor air a n' fhirean leug hes,
Na briathren beo thanig as do bheil ;

Bidh iad nan treor 's na solus mhorain
 Alasadh suas le gaoil gach cridh ;
 Oir dh'ol thu fein as a charraig sgoilte,
 'S air do chloinn feisd cha dig dith.
 'S mor do chloinn a ghin thu san t'Slanuighear
 Sa bheathach thu le bainne an treud—
 Dh' altrum thu iad a n' uclid na firinn,
 'S feisd nan coir cha leig t'ather bend.

Cheas thus'a an' fheol le gach antogradh
 'S cleachdadh gnanda tha ceanghalt ri ;
 'S ghabh thu greim air a charraig steidhel.
 'S rinn thu seirbhes do Rìgh nan rìgh.
 Thog thusa bratach an Tighearn' Iosa
 Ann san' tir so bha dorcha dall,
 'S thug thu dachaidh don chro tha tearant'
 Moran chaorach bha fad' air chall :
 Thug thu dachaidh a fearann tartmhor
 Sluagh bha iotmhor, falamh, fann,
 Nach robh faoitinn a leoir don plaosgan—
 Ann 's nach robh a bheath' ach gann,
 'Schomhdaich thu le truscan briadh 'ad—
 'Truscan soillsechadh mar an t'or.
 'S thug thu dhoibh gu farsuing, fialadh,
 Beatha shiorruidh as do stor.
 Tharuing thu a tobar slainte
 Uisge leigheis do n' t'sluagh gu leir,
 'S ghlan thu 'n creuchdan 'san uile lotan.
 Gach cneidh ghalair is luibhre bhrein.
 An dream bha dall 's nach facht' Iosa
 Chair thu gan'n' glanadh a loch Shilogan,
 'S phill 'ad aoibhneach, toirt cliu d'on Triunaid
 Air son na miorbhuilen mor a rinn thu.
 An dream a thainig a mach go'd' eisdeachid.
 Go fanoid dheanabh ort 's taie,
 Dh' fhan a gairm air Dia an tearnadh,
 Oir ghabh 'ad as an gnìomharaibh nair.

'S iomadh Lasarus bha marbh a dhuisg thu
 Leis a ghuth a dh' eidh air Sinai mhor ;

'S iomadh bantrach bha a Sarepta
Da n' dug thu ol' agus win gu leoir;
'S iomadh deamhan a rinn thu fhuadach,
'S iomadh lobhar a rinn thu geal,
'S iomadh aon bha'n criadh sa'n clabar
A rinn thu gloirmhor as eugmhas smal.
Bu mhaoth do chridhe, 's se nith a chraidh e
Bhi faicinn dhaoine gu leir cho faoin—
Bha anam na fhirean ga chradh gach latha,
Bhi faicinn gorraich a chinne daon'.
Ris an fheumech bha thu robh choimhneil;
Nuair ghlaoidh e ruitse bha fuasgladh dlu;
Thug thu dha comhdach o fhuachd a gheamhraidh
'S chuir thu thacas ri Rìgh nan dul.
Aig leaba an tinnes bhidh thusa 'freasdal
Air an anam bhidh lag sa stri;
Dheanadh t-urnuigh a suibhel miles,
'S bhidh a m' Bas dhoibh na theachder sith.
Cha sheas sa'n eilen so n' duigh a'n' cubad
Aon cho mor ann a fabhor Dhe,
'S se mo choidh rach bidh ann ionann
A measg na linntinn a thig na dheigh.
'S aobhar iundrain do aireamh mhor thu,
Air feadh na tir so air gach taobh,
A dh'fhag thu nan dillechden ann sa'n' fhasaich
Nuair chaidh thu mhealtuin a chomuinn naomh.

Na lionas taite cha 'u'eil ri fhaotinn,
Ged thig foghlum cha dean e feum;
Bha cumhachd mor agus beo ga'd' lionadh,
'S fear coimhid Israeil do neart's gach ceum.
Ga'd' thig fear-tuarasdail mor a foghlum,
S' deas a'm' briathran bhi's seolta meallt,
Cha tabhar e n' tread mach go pasteir miles,
Oir bidheal fiamh air robh bheastan allt:
Sa nuair thig faisg orr a madadh alluidh
Cha dig e dlu chum a n' treud a dhian;
Ach luath mar earba bidh e a teachaidh,
Oir 's ann air tuarasdal bha a mhiann.
Ach 's tus' a sheas ann an teas na comhraig.
Ged bha luchd milledh gu tric an toir

Air thusa ghlachdadh na lianten scollta,
 'S do thilgedh sos a chum a lair—
 'S tus' a sheas na'd' fhear—coimhid diles
 Air a bhalladh n' aghaidh feachd a Namh ;
 'S cadal riamh na suain cha'd' aom ort,
 S' cha d' fhuaradh riamh thu re' lath' na'd' thamh ;
 Oir se an treun-fhear, leomhan Judah,
 A sheas ri'd' ghualain sa chum thu suas :
 Se an t'athair a fhras gu fialadh
 Dheth spiorad fein ort a neamh a nuas.
 Cha neil agamsa an comas dhiarrain
 Chum do chliusa chur an aird ;
 Cha ruig mise air a mheor bu lutha
 A bha aig Domhnull mar bhard
 Bha an talann sa ghibht robh bhriadh sin
 A dol thairis gu mor aig Domhnull,
 'S chuir e i go feum robh chiatch :—
 Cliu an t'Slanuighear innse do'n t'saoghal.
 Dhort Dia gu saibhir dheth spiorad grais air
 Agus thug e mor chumhachd dha :
 Oir fhocal sgoilbedh na dorsan praisech,
 'Sna glasenn iarruin cha deanedh sta.
 An tanam bha marbh ann a'm' peacadh chuala
 Fhocal 's dhuaisg e le clisge mor,
 'S cha'd' dhfhan ni b'aide air slighe an t'seachran,
 Abh dhiarr e n' t'slighe dhionsuidh gloir.

Far a'm' bidheadh tu cha bhidh farmad,
 Prois, na mirun a gabhal tamh ;
 Oir bha thu ionrac, toirt geill da n' fhirinn,
 'S thug thu buadh air uil' fheachd a Namh.
 Bu cheannard tre'n thu air taobh na firinn,
 Neo-sgathach, laidir bha thu sa stri,
 Fuidh bhratach Iosa bha thu sar chomhliont',
 'S sheas thu diles air taobh a Righ.
 Mheas thu a saoghal na aileas meallta,
 Fhuar thu na chealgar e fein sna bh'ann—
 Cha do ghabh e ruit, oir cha b'ann dheth a bha thu,
 'S mar sin bha fhuath dhuit gun chrioch gun cheanu.
 Ach ge'd' mheas thu a saoghal na ni' cho faoine,
 Gun ann ach dhionhanos 's buaireadh mor,

Mbeas thu tiom na nith robh luachmhor
 Go peacach ullachadh chum na glóir,
 A dh'ullaich Iosa do'n dream a dh'iarres
 Gu dligeach, diles e mar 's coir ;
 'S nach leig air diachuimhn a reachdan ciatach,
 Ach ní dhuidh sud a neart sa'n' treoir.
 Nuair bu dluith do chomhradh air nithebh feolta
 Se blas na diadhachd bhídh air do chainnt ;
 Bhídh i an ordugh robh mhaisich, gloirmhor,
 'S cha b'ann baoghalt', mar nach bídh cuimhn
 Aig t-inntian dhiadhaidh gu robh Dia 'sna neamhan
 Sa leabhar cunntais fa chomhar a shuil,
 'S gach math 's olc air a sgríobheadh síos ann
 A rinneadh leis gach uile dhuil ;
 Ach 'sann bhídh an comhnuidh do shuilean suas ris,
 'S t'inntinn scolleadh an aras Dhe',
 'S nuair bhídh tu comhra air nithebh talmhaidh,
 Bhídh tu gabhal fásaidh am blas a sgei.

Be chrioch air son an do rinn thu saothar
 'S fad do chuairt ann san t'saoghal thruagh :—
 Gach inneal 's cuilbheart a bha aig satan,
 Go bhí glachdadh sa mealleadh sluaigh,
 Bhrísteadh síos, 's a chreach thoirt uaithe,
 Sa chuid chuilbheartan leigeadh ris,
 San dream bha n' cuibhrech a thoirt go saorsa
 San' gleidhedh tearant' o n' aingeal sgris
 'S tu cur an ceill mar bha luchd teagaisg breige
 Toirt mor aireamh don t'sluagh a thaobh :
 'Se síd a ní chuir thu tric a g'uirneadh,
 'Sa dh'fhag cho crata'ich do chridhe naomh—
 A cur an ceill dhoibh an cunnairt bh'ann dhoibh
 Nan eisdeadh iadsan ri guth an t'sozghail—
 A cur an ceill dhoibh ghloir robh shíorruidh
 A dh'ullaich Ioso dha mhúinnter gaoil.
 'Se ní eile bha gnath ga leonadh,—
 'Sa thug iomadh deur air a shuilen caomh,—
 Bhí faicinn mealltairen mealleadh threudan,
 'S ga'n deanabh fein nan daoine naomh ;
 'Sa slighean fiar a toirt fiannis cinntich
 Nach b'ann o Dhia a bha iad a mach ;

Ged bha a'n' teagaisg ri fhaicinn briadhedh
 Bha mealltaireachd mhor fuidh chomhdaich cleochd :
 'S bha thus' a Dhomhnull a sir thoirt fianuis :
 Nach b'ionann iadsan a'm' beil 'san eridh'—
 Nach robh an diadhachd mor 'sa chudthrom,
 'S nach robh iad fein ach mar luibh gun bhrìdh—
 Neoil gun uisge 'ad air feadh na speuran,
 Air an iomuin le gaoith ma'n cuairt—
 Fa chomhar dorchadas air a'u gleidhedh,
 Gun ac' a fireantachd idir pairt.
 S' bha thus' a g'èidhech gu treun gach latha :
 Gur h'ann bha'n eifechd a fuil na h'ìobart,
 'S gur e a sluagh sin a dh'aichedh Criosda
 Bhìdh ann san shiorruichd ada millt'.
 'S aobhar naire agus broin 's maslaidh
 Do mhoran chinn-iuil nan dall :
 Gur ann a bha iad ri fanoid mhor ort,
 'Siad fein air seachran 's fad air chall ;
 Iad gu dian 's gu luath a'n toir ort,
 A smuainten gu robh iad an obair Dhe' ;
 'S gur ann a bha iad a'm' paighedh shatain,
 'Sa toirt da innlichden suibhel reidh ;
 'Scha b'ann mar dh'fheumadh iad dhol na'd' threuna
 'S an trompaid fhuaimnech a sheideadh cruaidh,
 'S crann na brataich a chumal suas leat,
 'S gun seallaidh cul thoirt a'n taobh's do'n uaigh ;
 Ach a'n ait do chuidechedh ann sa chruidh-chas
 'Sann bha 'ad feuchinn gu tric ri'd' theum,
 'S beg an t'ìoghnadh 's spiorad Chain
 Ga sir threoraicheadh ann sgach ceum.
 Cha'd' ghabh thu fianh rop' ge'd' bhaiad lionmhor
 'S am buireich fhiadhech sir dhol a meud :
 Iad beo do shatan, ach marbh nan traillein
 Do theagaisg firinn 's focal Dhia.
 'S ge'd' bha a saighden gu tric ga'n tilgedh
 Ghleidh thus' a bhuidh orr' a dhaindeoin spairn ;
 Oir bha 'chlarsaich bhinn a sir sheinn gu ceolmhor,
 S' carbad Israeil dlu ort sa'n ann.

Bha a'n'earail naomh a thug Iosa Criosda

Do na h'abstoil ga'd' stiuireadh rianh :—
 A bhi mar na nathraichen glic 's teoma,
 'S mar na columnain neo-chronal sheimh.
 Bha thu geur-rannsachail ann san fhirinn
 'S do theagaisg tairnt' aisd gun snal gun bhaud.
 'S salann grais air gach tra do'd' bhriathrain
 Ga'n' deanabh blasda do chail an treud.
 'S nuair chaidh do lionadh a stor na neanhan
 Le gliocas tuigse agus spiorad grais,
 Bha thu gu fialaidh ga shir chompairtaicheadh
 Chum sluagh a shaoradh o ghlaic a Bhais.
 Bha thusa scalltain na'd' ghniomh 'sna'd' bheusan,
 Gun lein thu Criosda 'sgach ceum san' fheoil—
 Gu robh thu ceanghailt' ris a spiorad na h'aontachd,
 'S gu'm' b'iad a bhriathrain cainnt do bheoil ;
 Srinnt' thu fiannis do'n' t'saoghal thrailleil
 Le do throcair 's do ghaol robh mhor,
 Gum b'e corp an t'Slanuighear bha thu a giulain,
 'S gur ann na chran—ccusaidh bu mho do ghloir.
 'S ann sa chubad cha b'ann air paiper
 Bhidh do bhriathrain sgrìobhta sios ;
 Ach bha thu leanmhuinn na h-earail naomha
 Thuair na h'abstoil o maighsteir Ios' ;
 'S mar sin cha'd' leanadh leat seol an t'saoghail,
 Bhi cur do chainnt ann a'n ordan faoin,
 Oir labhair thu mar a theagaisg Dia thu.

'S cha b'ann a'isreir teagaisg foghlum dhaoin' ;
 'S bhidh a luchd eisdehd togta suas leat.
 'S air an giulain air bharr do sgiath
 A dhionsuidh sruthain nan uisge miles,
 Tha sruthadh sheimh sios o chathair Dhia.
 Bhidh do ghnuis mar a ghrian a dealradh,
 'S do bhriathraibh miles toirt air do chloinn bhi fas—
 O! bi t'aghaidh fìor ghnuis a'n aiugeal
 A stri le durachd aig cathair grais.
 Mar mheal teine bha thu do Israeil,
 Ga stiuirrdh suas chum rioghachd na gloir.
 A toirt dhoibh solus a re' na h'aidhehe—
 A dol tro'n fhasaich bu tu an treoir.

O! bu churamach rinn thu an t'alach
 A ghiulain tearant tro'n fhasaich mhor,
 'S le bainne fiorghlan an fhochail dh'airech
 'S dh'ullaich thu iad chum rioghachd na gloir ;
 Do bhiadh nan aingeal thug thu a sath dhoibh
 Nuair bha iad fenmaich—se Mana 'bh'ann,
 'S dh'fhag thu su'lmhor, snuaghmhor, treun 'ad,
 S' rinn thu gaisgeich do'n dream bu chlann.
 Cha b'ann le lochran tioram, falamh,
 A dh'imich thusa tro'n fhasaich mhor ;
 Ach le ola bha e ruith thairis,—
 'S riamh cha'd dh'ioibair dhuit a stor,—
 Agus bha e gu glan a dealradh
 Toirt solus aghmhor do mhoran sluaigh —
 Solus b'aille na ghrian a dearsadh—
 Solus neamhaidh nach gabh a luaidh—
 Solus rinn gleann dorcha Bhacu
 Shoillsseheadh suas do iomadh aoibh,
 A bhidh as eugmhas gun treoir, gun seol ac,
 Ach sgaoilte, seachranach air a raon.

Nuair a thainig a latha gloirmhor,
 Latha mor air a'm b'e run
 A mhaighsteir mhor da'n d'rinn thu seirbhes
 Gu robh dhlighealch, gu saigh' tu 'n crun ;
 Chaidh do ghairm as an t'saoghal thruagh so,
 Mach a anghmhoir mhor 's chruaidh ;
 Mach a euslaint' go ruig slainte ;
 Mach o dheuraibh 's osnaich sluaigh ;
 Ruith a nuas air neoil a gheamhraidh,
 Tearnaidh nuas air a ghaoith tuath,
 Carbad, dearsadh mar or robh fhiorghlan,
 Tairnt' le eachaibh aillain luath ;
 Mar a'n deallanach bha a'n astar,
 Ach bha 'n coslas lan do ghaol :
 Cha robh leithid do shealladh gloirmhor
 Tric ri thaicinn ann sa'n t'saoghal.
 'Sa nuair a thainig iad go talamh
 Stad a'n carbad re uine bhig :
 Dh'fhosgladh an dorus : mach chaidh Gabriel,
 'S thubhairt e ri Domhnul "Thig."

Throg an t'aingeal e na lamhan,
 'S sheol e stigh do'n charbad mhor :
 Phaisg e sgiathan, 's sheol an carbad
 Air ais a ris do rioghachd na gloir.
 Nuair a dh'fhalbh thu dh'fhalbh an t'ionrac,
 Dh'fhalbh a firean air a robh mor dheigh ;
 Nach do dh'fhag a leithid no dheigh.
 Dh'fhalbh gu deimhin an deadh oglach
 Bha a sluagh ri gul 's caoneadh,
 Oir dhoibh gu leir bha e dlu a'n daimh,
 'S iad gu leir a cur ris a seula,
 Gu'm b'e Domhnull a thug beatha dhoibh.
 Oh ! am b'iohnadh ge'd bhidh iad bronach,
 'S ceannard treun 'ad a thoirt uap',
 Oir bha iad fiosrach nach faighaidh iadsan
 Leithid Dhomhnull re' fad an cuart.
 'S iomadh suil a bha bras a silleadh ;
 'S iomadh ceann a bha iosal crom ;
 'S iomadh gruaidh ann sa robh ruthadh caonaidh ;
 'S iomadh inntinn bha duthach trom.
 Mhotharich iadsan gu trom a bhuilla—
 Mhothaich iadsan gun dh'fhalbh fear-iuil,
 Nach urrainn dhoibh a leithid tuille fhaotinn :
 Se sid thug deuraibh o iomadh suil.
 Nuair a dh'fhalbh thu, thuit ceannard gaisgeach,
 'S uachdaran mor, ann a'n Israeil ;
 Oh ! cha b'iohnadh ge'd be latha n 'airc e :
 Bha gair an t'sluaigh a cur sin an ceill.
 Bha iad a g'iundrain d'fhaillte chairdeal ;
 Bha iad a g'iundrain do ghaol robh bhla ;
 Bha iad a g'iundrain fuaim na trom-paid
 B'abhaist dhoibh bhi cluinntinn air gach la ;
 Bha iad a g'iundrain na laimhaidh fhialaidh,
 Thug iomadh uair dhoibh a sath do'n bhiadh
 Bha taitneach, blasda, 's air nach robh gainne,
 'Sa chuir aoibhneas 's gras nan cliabh ;
 Bha iad a g'iundrain a leigheach ghrasmhor,
 A thug dhoibh slainte o gach tianes cruaidh,
 A ghlan air falbh dhiu gach galar gnada,
 'S seorsa eucal a ghabhais luaidh.
 O ! dh'fhalbh thu Dhomhnull, 's tha thu 'sa'n airde,

A Feachd nan Naomh a toirt gloir do'n Triath,
 'S air d'aoibhneas, do ghloir, 's do mhorachd,
 Re saoghal nan saoghal cha dig ceann na crìoch.
 Tha thu air do chrunadh le crun na fireantachd ;
 Crun nach caochail a dhath nan shnuadh,—
 Air do cheann a dealradh mar Reult na maidne.
 'S bithedh e gu sìornuidh nuadh.
 Le truscan aillain tha thusa sgeadluicht',
 Truscan gloirmhor, fada, geal :
 Tha a shnuadh robh aillidh, aghunhor.
 'S air gu brath cha dig smur, na emal,
 'S tha do chlarsach air a h-ur ghleusadh.
 'S tha thu seinn air a teudan binn
 Ceol robh mhaiseach, ceol robh thaitneach ;
 Ceol nach teirig o linn go linn.
 Oh ! be 'n t'aoibhneas a nis bhi dlu ort.
 Far nach teirig ceol a choidh ;
 Far nach bi a luchd geur—leanmhuinte ;
 Far nach bi a h-aon do'n' daoi.
 Cha dean a ghrian le teas do losgeadh,
 'S cha bhual ort fuachd a gheamhraidh fhuair :
 Cha bhi acras, na tart, a g'iarraidh
 Bhi air a sasachadh gach uair :
 Cha bhi tinnes, pian na trioblaid,
 A cur drag ort a feisd ni 's mo ;
 Oir tha thu air do dheanabh foirte—
 Se cliu an t'Slanuighear do bhiadh gach lo.

CHRIOCH.

